

A' TOIRT TAIC DHAN BHÀNRIGH

Is e prìomh phàirt de dhleastanas Prionnsa na Cuimrigh a bhith a' toirt taic dhan Bhànrigh mar theis meadhain uail nàiseanta, aontachd agus dìlseachd agus a bhith a' tarraing dhaoine còmhla thar gach raon den chomann shòisealta, a' riochdachadh seasmhachd agus leantainneachd, a' soillseachadh euchd, agus a' cur cuideam air cudromachd seirbheis agus an raon saor-thoileach tro bhrosnachadh agus eisimpleir.

AN RÌOGHACHD AONAICHTE AGUS THALL THAIRIS

Tron bhliadhna ghabh Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn os làimh raon farsaing de thachartasan agus de thursan aig an taigh agus thall thairis. Bha iad sin a' dol bho fhrithealadh thachartasan deas-ghnàthach agus a' cur taic ri 's a' riochdachadh nam Feachdan Armaichte, gu gabhail os làimh tursan oifigeil thall thairis gus maith Bhreatainn adhartachadh.

An Rìoghachd Aonaichte

Gach bliadhna bidh na h-Urramaich Rìoghail a' siubhal gu cunbhalach gu tachartasan air feadh Shasainn, Alba, a' Chuimrigh agus Èirinn a Tuath. Gun teagamh, b' e aon de na prìomh thachartasan den bhliadhna san Dàmhair 2007, coisrigh a' Charragh-cuimhne ùr dha na Feachdan Armaichte Nàiseanta ann an Alrewas ann an Siorrachd Stafford, far an do choinnich am Prionnsa agus a' Bhan-diùc ris a' Bhànrigh agus Diùc Dhùn Èideann gus urram a thoirt dha buill de na Feachdan Armaichte a chaidh a mharbhadh a' dèanamh an dleastanas no mar thoradh air gnìomh ceannaircis bho 1948.

Tha e mar phàirt mhòr de dhleastanas an Teaghlach Rìoghail a bhith a' tairgsinn taic is co-fhaireachdainn ann an amannan èiginn is dùbhlain nàiseanta, agus tron bhliadhna thadhail am Prionnsa agus a' Bhan-diùc grunn thursan air sgìrean ann an Sasainn far an robh tuiltean Samhraidh a rinn sgrios uabhasach, nam measg Siorrachd Iorc a Deas, Siorrachd Gloucester agus Siorrachd Worcester.

B' e turas gu math na bu thoilichte tron bhliadhna a bh' ann an turas a' Phrionnsa a Liverpool air Latha an Naoimh Sheòrais sa Ghiblean 2007, gus an 800mh ceann-là aig a' bhaile a chomharrachadh. Nuair a bha e a' tadhal chaidh e mun cuairt Talla an Naoimh Sheòrais a bha air a cur air dòigh às ùr, far an tug e seachad òraid bhliadhnail Roscoe, agus fhuair e Caidreabh Urramach bho Oilthigh Iain Moore ann an Liverpool. Thadhail e cuideachd air sgìre meadhan-baile Toxteth gus coinneachadh ri buidhnean coimhearsnachd agus ioma-creideimh, agus fhritheil e Seirbheis Taingealachd chatharra ann an Àrd-eaglais Liverpool.

Mar chomharra air a dhàimh shònraichte leis a' Chuimrigh, bidh an t-Urramach Rìoghail a' tadhal gu cunbhalach air an Dùthaich. Is e aon de na tachartasan as ainmeile an t-seachdain gach Samhradh a bhios Am Prionnsa agus a' Bhan-diùc a' cur seachad a' frithealadh choinneamhan is thachartasan sa Chuimrigh. San Ògmhios 2007, thadhail iad air Powys, Anglesey, Gwynedd, Pontypridd, Rhondda Cynon Taff agus Bangor. Am measg nan tachartasan a ghabh àite air an turas aca bha fosgladh institiùd saidheans poileis ùr ann an Oilthigh Glamorgan, tadhal air mèinne guail a chaidh a tionndadh gu bhith na h-ionad òigridh is coimhearsnachd, comharradh air na 100 bliadhna bho chaidh a' chlach oisein a chur sìos airson Oilthigh na Cuimrigh, dinnear a thug am Prionnsa dha luchd-tionnsagain air bòrd na trèana Rìoghail.

Tha am Prionnsa agus a' Bhan-diùc le chèile glè mheasail air Alba agus bidh iad a' cur seachad mòran ùine an sin a h-uile bliadhna, an dithis ag obair aig choinneamhan agus a' gabhail tlachd às an dachaigh aig Tòrr Beithe ann an Siorrachd Obar Dheathain. Aig àm an tadhail Samhraidh bhliadhnail aca an-uiridh, chuir na h-Urramaich Rìoghail seachad trì latha a' frithealadh choinneamhan, àm aig an do thadhail iad air Colaiste Ealain Dhùn Èideann, stèidheachd dha eucoraich òga ann am Polmont, coimhearsnachd iasgaich ann an Anstruther, agus Sealtainn far an do choinnich iad ris a' Bhànrigh Sonja à Nirribhig. Fhritheil Am Prionnsa cuideachd Ciorcaigeachd Pàrlamaid ùr na h-Alba ann an Àrd-eaglais an Naoimh Sìleas, agus còmhla ris a' Bhan-diùc, dh'fhosgail e ionad tadhail ùr aig Caisteal Mheidh, a chaidh a thogail mar chuimhneachan air a' Bhànrigh Ealasaid, Màthair na Bànrìghe.

A h-uile bliadhna bidh am Prionnsa agus a' Bhan-diùc a' dol air chuairt ann an Èirinn a Tuath airson grunn làithean de choinneamhan. Sa Chèitean 2007, am measg nan tachartasan aca bha cuairt air Taigh-tasgaidh Poball agus Còmh-dhail Ulaidh ann an Cùl Trà, a' frithealadh cuirm dha luchd-obrach agus luchd-taic Help the Aged ann an Èirinn a Tuath, comharradh an 50mh ceann-là de RAF Aldegrove ann an Ulaidh, agus tadhal air baile Belleek gus 150 bliadhna de dh'obair aig an ionad-crèadhaidh a chomharrachadh.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

Thall thairis

A h-uile bliadhna bidh dleastanasan nan Urramach Rìoghail gan toirt a-null thairis, agus ann an 2007-08 ghabh iad dà phrìomh chuairt oifigeil os làimh air iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin `s a' Cho-fhlaitheis gus taic a chur ri gnòthaichean gnìomhachais Bhreatainn thall thairis.

Air Cuairt an Fhoghair ann an 2007 shiubhail am Prionnsa agus a' Bhan-diùc an toiseach gu Uganda, far an robh an t-Urramach Rìoghail airson a' chiad uair, còmhla ris a' Bhànrigh aig Commonwealth Heads of Government Meeting thall thairis. Bha coinneamhan aig a' Phrionnsa le Ceann-suidhe Museveni Uganda, agus le mòran de luchd-stiùiridh a' Cho-fhlaitheis a bha a' frithealadh na h-àrd-choinneimh. Thadhail e fhèin agus a' Bhan-diùc cuideachd air grunn phròiseactan air feadh na dùthcha a bha a' faighinn taic carthannais agus chaidh iad tarsainn bun-aibhne na h-Aibhne Nile ann am bàta aig Jinja.

As dèidh Uganda, chaidh na h-Urramaich Rìoghail air itealan dhan Tuirc airson tadhal a bha ag amas air adhartachadh prìomhachasan cudromach Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte leithid àrdachadh air conaltradh eadar-chreideamhail, leasachadh seasmhach, co-obrachadh armailteach agus uallach corporra sòisealta.

Bha an dàrna prìomh chuairt den bhliadhna dhan Charaibian sa Mhàirt 2008, far an robhar a' deasbad air atharrachadh gnàth-shìde, cothroman òigridh agus co-obrachadh eadar buidhnean ionadail agus an Rìoghachd Aonaichte air eucoir anti-dhrogaichean. Thòisich an turas ochd-latha san robh 44 de choinneamhan, air an Gheat Mara Leander ann an Trinidad agus Tobago, far am faca na h-Urramaich Rìoghail ruaig mara dhrogaichean mas fhìor, leis a' Mhaor-chladaich ionadail ann am Bàgh Staubles agus thadhail iad air tèarmann coille-uisge ann an gleann Arima.

As dèidh stadann goirid ann an St Lucia agus Montserrat, chuir am Prionnsa agus a' Bhan-diùc crìoch air an turas le trì latha ann an Iamàca, far an do ghabh iad pàirt ann an comharradh beatha an fhir ainmeil reggae Bob Marley, far an do thadhail iad air pròiseact ath-thogail meadhan-baile ann an Kingston a tha air a ruith ann an com-pàirteachas le The Prince's Foundation for the Built Environment, agus chuir iad cuairt air Falmouth, port eachdraidheil Deòrsanach aig ceann a tuath an eilein.

Thadhail Prionnsa na Cuimrigh airson dà latha sa Bhruiseal anns a' Ghearran 2008 an dèidh cuireadh bho Cheann-suidhe Coimisean na h-Eòrpa José Manuel Barroso, a bha airson cluinntinn bho Urramach Rìoghail mu dheidhinn obair nan Carthannais aig a' Phrionnsa ann an raointean àrainneachd, leantalachd sòisealta agus leasachadh seasmhach. Aig an aon àm bha riochdairean bho The Prince's Trust còmhla ris a' Phrionnsa mar a bha riochdairean bho The Prince's Foundation for the Built Environment, The Prince's Rainforests Project, Business in the Community, Youth Business International agus Corporate Leaders Group on Climate Change (CLGCC).

Fhad `s a bha e sa Bhruiseal chùim an t-Urramach Rìoghail coinneamhan leis a' Cheann-suidhe Barroso agus grunn de Choimiseanairean Eòrpach, agus thug am Prionnsa seachad òraid aig Pàrlamaid na h-Eòrpa far an do dh'iarr e airson caidreachas eadar buidhnean poblach, prìobhaideach agus neo-riaghaltasach gus dèiligeadh le atharrachadh gnàth-shìde. Air an turas choinnich e cuideachd ri Prionnsa Crùn nam Beilgeach agus ri a mhnaoi a' Bhana-phrionnsa Mathilde.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...

NA SEIRBHISEAN ARMAICHTE

Tha an dàimh a tha eadar Prionnsa na Cuimrigh agus na Seirbhisean Armaichte stèidhte air ceithir cuspairean: ag àrdachadh dleastanas nam Feachdan sa bheatha nàiseanta tro chuirtean a thaobh obair agus dleastanasan deas-ghnàthach; a' cuimseachadh air proifeasantachd agus sàr-mhathas trèanaidh; a' toirt taic dha math luchd-obrach ann an seirbheis agus an teaghlaichean; agus a' cuideachadh le cumail suas agus a' toirt feabhas air siostam rèisimeideach gun choimeas Bhreatainn tro cheanglaichean le buidhnean nan seann luchd-seirbheis agus le buidhnean rèisimeideach.

Tha dealas a' Phrionnsa a thaobh nan Seirbhisean Armaichte mar an ceudna aig a mhnaoi agus a mhic. Is e Ban-diùc na Còirn An Royal Colonel air a' 4mh Battalion The Rifles, agus Commodore-in-Chief air Naval Medical Services, agus tha am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Araidh nan oifigearan ann an seirbheis Rèisimeid nam Blues & Royals ann an Household Cavalry.

B' e an 25mh ceann-là de dh'Iomairt nam Falklands aon de na nithean a b' fheàrr a thachair am-bliadhna, a chaidh a chomharrachadh le tachartasan air feadh na dùthcha san t-Samhradh 2007. Air an 17mh Ògmhios, chaidh Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn gu seirbheis cuimhneachaidh air Horse Guards Parade mus do ghabh an t-Urramach Rìoghail ris an urram bho mhiltean de sheann saighdearan nam Falklands fhad 's a rinn iad caismeachd suas am Mall gu Lùchairt Bhuckingham.

Dìreach beagan is seachdain às dèidh sin, thug na h-Urramaich Rìoghail aoigheachd cuirme dha seann luchd-seirbheis nam Falklands, ann an Lùchairt an Naoimh Seumas, le mòran de na 150 aoigh air an tarraing à rèisimeidean agus buidhnean armailteach co-cheangailte ris a' Phrionnsa leithid na Welsh Guards agus an Parachute Regiment. Bha an t-Urramach Rìoghail mar aoigh air a' chuir na dhreuchd mar Neach-taice buidheann seann saighdearan nam Falklands, South Atlantic Medal Association agus Patron of Combat Stress.

B' e caismeachd eagar The Mercian Regiment tachartas cudromach eile den bhliadhna, far an do ghabh am Prionnsa an t-urram ann an Caisteal Tamworth ann an Siorrachd Stafford. Chaidh an rèisimeid ùr a chruthachadh tro choimeasgadh de thrì rèisimeidean eachdraidheil an Airm - an Cheshire, an Staffordshire, agus an Worcestershire and Sherwood Foresters. Ann an òraid a' comharrachadh an tachartais, thuit an t-Urramach Rìoghail gun robh "bràisteach ùr" foirmeil na rèisimeid a' comharrachadh "toiseach caibideil eile anns an sgeul fhada de sheirbheis dileas dhan Chrùn a tha aig teis meadhain eachdraidh rèisimeidean shiorrachdan Shasainn."

Ann an 2007, bha Army Air Corps 50 bliadhna a dh'aois, agus mar Colonel-in-Chief chaidh cuireadh a thoirt dha Prionnsa na Cuimrigh a bhith na phrìomh aoigh aig Wallop Meadhanach, prìomh thogalaichean a' Chòr ann an Hampshire, gus a lùbailidh Òir a chomharrachadh. Tha dleastanas cudromach aig a' Chòr ann an cur taic ri gnìomhachdan an Airm mu thimcheall an t-saoghail, agus anns an lùchd thug an t-Urramach Rìoghail cuireadh dha saighdearan bho Rèisimeid 9, Army Air Corps, gu Taigh Clarence gus am buinn airson iomairt Afganastan a bhuileachadh orra nuair a thill iad bho na gnìomhachdan sin.

Comment: ABOVE...

COINNEAMHAN ARMAILTEACH PRIONNSA NA CUIMRIGH

Aig an àm seo tha rang Admiral aig Prionnsa na Cuimrigh sa Royal Navy, General san Arm agus Air Chief Marshal ann an Royal Air Force, agus bidh e a' cumail suas dàimh shònraichte leis an fheadhainn a leanas:

Na Welsh Guards
An Mercian Regiment
The Parachute Regiment
Na Royal Gurkha Rifles
Army Air Corps
Na Royal Dragoon Guards
The Queen's Own Yeomanry
The Queen's Dragoon Guards
Na Black Watch, 3rd Battalion
An Royal Regiment of Scotland
51st Highland, 7th Battalion
An Royal Regiment of Scotland

Tha am Prionnsa cuideachd na Honorary Air Commodore air Royal Air Force Valley, Commodore-in-Chief air an Royal Naval Command ann am Plymouth. Tha e a' cumail suas dàimh shònraichte mar Colonel-in-Chief le 10 de rèisimeidean a' Cho-fhlaitheis: Air Reserve of Canada, Lord Strathcona's Horse (Royal Canadians), Royal Australian Armoured Corps, Royal New Zealand Air Force (Air Commodore), The Royal Regiment of Canada, The Royal Winnipeg Rifles, The Royal Pacific Islands Regiment, The Royal Canadian Dragoons, The Black Watch of Canada, The Toronto Scottish Regiment.

Comment: THE PRINCE OF WALES'S MILITARY APPOINTMENTS...

Tha am Prionnsa agus a' Bhan-diùc an-còmhnaidh toilichte buinn iomairt a bhuileachadh uair sam bith a gheibh iad cothrom. San Dàmhair 2007, bhuilich na h-Urramaich Rìoghail Iraq Service Medals air buill den 51st Highland, 7th Battalion The Royal Regiment of Scotland, agus sa Ghearran 2008 thug am Prionnsa buinn Operation Herrick do shaighdearan bhon 2nd Battalion an Mercian Regiment. Thuir an Lieutenant Colonel Sim Banton, oifigear ceannaird na Cath-bhuidhne gun robh moit air na saighdearan aige a bhith a' faighinn am buinn bhon Colonel-in-Chief. "Tha iad a' tuigsinn gu bheil am Prionnsa a' toirt aire òirnn agus gu bheil a dhreuchd mar Colonel-in-Chief glè chudromach dha - tha e measail air na saighdearan agus tha e an-còmhnaidh a' coimhead a-mach air ar son," thuir e.

Bha aon de na tabhartasan buinn a bu drùidhtiche tron bhliadhna san Dùbhlachd 2007 nuair a bhuilich Ban-diùc na Còirn buinn turais cogaidh Iaraid air saighdearan a' 4mh Battalion The Rifles. Mar an Royal Colonel thug a' Bhan-diùc urram dha buidheann fhear a dh'fhuiling sabaid fìor leanmhainneach rè na h-iomairt ann an Iarac a deas, far an do choisinn an Cath-bhuidheann am far-ainm "Leòmhainn Bhasra" agus chaidh còignear dhiubh às an rathad, le mòran eile air an leòn.

Thuir Lieutenant Colonel Pàdraig Sanders, ceannard 4 Rifles, gum b' e nì "anabarrach spèisealta" a bh' ann gun robh a' Bhan-diùc a' buileachadh nam bonn. Thuir e: "Dh'fhuiling i còmhla rinn air feadh ar turais agus sgrìobh i na làimh-sgrìobhaidh fhèin gu gach saighdear a chaidh a leòn agus gu teaghlaichean an fheadhainn a chaill am beatha. Tha sinn a' faireachdainn gur e urram mòr a th' ann dhuinn gu bheil i againn mar ar Royal Colonel."

Tha saighdearan a tha air an leòn ann an iomairtean sa chogadh a' faighinn leigheis air ais san Rìoghachd Aonaichte ann an Royal Centre for Defence Medicine aig Ospadal Selly Oak agus Ospadal na Bànrigh Ealasaid ann an Birmingham. San Dùbhlachd 2007, rinn am Prionnsa aon de na tadhail àbhaisteach aige air an ionad gus coinneachadh ri easlaintich agus luchd-obrach. Thuir Mairead Gately, ban-cheannard air ionad nan losgaidhean is plastaig, mun Phrionnsa: "Thathar an-còmhnaidh a' cur fàilte air na tadhail aige. Tha iad a' toirt togail dha na h-easlaintich agus an teaghlaichean. Tha e air a thighinn an seo iomadach uair thairis air na sia mìosan a chaidh seachad."

Ann an 2006, Chaidh Prionnsa na Cuimrigh a chur ann an dreuchd mar Commodore-in-Chief air an Royal Naval Command ann am Plymouth, agus sa Chèitean 2007 thadhail e airson a' chiad uair air HM Naval Base ann an Devonport, àrd thogalaichean a' Chommand, agus anns an dreuchd aige. Choinnich an t-Urramach Rìoghail ri luchd-obrach armailteach agus sìobhaltach aig an ionad agus chaidh fàilte a chur air air bòrd an t-soithich cogaidh HMS Bulwark, àrd-ùrlar airson a bhith a' cur air tìr na Royal Marines agus an uidheamachd aca. Thadhail e cuideachd air làrach trèanaidh mu choinneamh mòr-thubaist, baile beag mas fhìor air a dhèanamh suas mar gun robh mòr-thubaist nàdarraich air tachairt ann, far a bheil seòladairean air an ionnsachadh ann mar a bheir iad leigheas dha luchd-còmhnaidh a tha air an leòn agus a tha fo eagal, mar a chuireas iad às teintean, mar a gheibh iad air ais solarachadh deatamach agus mar a shaoras iad daoine à togalaichean a tha air tuiteam.

Tha am Prionnsa na Air Chief Marshal air Royal Air Force, agus sa Chèitean 2007 thadhail e air Defence Helicopter Flying School (DHFS) aig RAF ann an Shawbury ann an Shropshire, gus an 10mh ceann-là aig an sgoil a chomharrachadh agus airson coinneachadh ri oileanaich agus oidean armailteach bho na trì Seirbheisean a bhios a' cleachdadh a' ghoireis. An dèidh fiosrachadh fhaotainn air obair na sgoile, ghabh an t-Urramach Rìoghail ri urram bho na h-oileanaich agus an luchd-obrach agus choimhead e air itealaich-seachad heileacoptairean de cheithir innealan Griffin agus ochd innealan Squirrel ann an cumadh a bha a' dèanamh na h-àireamh "10". Gach bliadhna tha an DHFS a' solarachadh trèanadh heileacoptair dha timcheall air 400 sgiobachd bhon Royal Navy, bhon Army agus bho Royal Air Force.

Comment: ABOVE FROM TOP TO BOTTOM...